



## Chì mi 'n Geamhradh

Rann 1

Chì mi 'n geamhradh  
as a' ghaoith  
Chan eil an sneachd  
fada bhuainn  
Sgòthan dorch'  
's na craobhan rùisgte  
Tha an oidhche  
a-nochd fuar.

Rann 2

Shaoilinn fhèin  
gur ann an-dè  
Bha teas an t-samhraidh  
gar lèireadh  
Fad an fheasgair  
air an dùin  
'S tu laighe leisg  
ri mo thaobh.





'S iomadh oidhch'  
a rinn sinn suirghe  
'S iomadh oidhch'  
a rinn sinn gàir'  
'S iomadh oidhch'  
a bhithinn a' smaointinn  
**Gum biodh tu còmhla**  
rium gu bràth.

Rann 3  
**Chan fhan a' ghrian**  
fad na bliadhna  
**Cha sheas an uair**  
mar a tha i  
**Dh'fhalbh thusa**  
chun a' cheò  
Is dh'fhàg thu mi  
le mo gheamhradh.





# CEÓL GÁIDHLIG

'S iomadh oidhch'  
a rinn sinn suirghe  
'S iomadh oidhch'  
a rinn sinn gàir'  
'S iomadh oidhch'  
a bhithinn a' smaointinn  
**Gum biodh tu còmhla**  
rium gu bràth.

**Chì mi 'n geamhradh**  
as a' ghaoith  
**Chan eil an sneachd**  
fada bhuainn  
**Sgòthan dorch'**  
's na craobhan rùisgte  
**Tha an oidhche**  
a-nochd fuer.  
**Tha an oidhche**  
a-nochd fuer.

